

ÌRE 4: CULTAR 2: DROCHAID AN EILEIN SGITHEANAICH CEISTEAN

Pàirt 1

- a. Dè a' cheist a tha Seonag NicGhriogair a' faighneachd aig toiseach na h-earrainne?
- b. Carson a thòisich an riaghaltas air beachdachadh air drochaid a thogail? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

	Bha barrachd dhaoine a' tadhail air an Eilean Sgitheanach.
	Bhiodh drochaid na bu luaithe na bàtaichean-aiseig.
	Cha robh na bàtaichean-aiseig a' toirt seirbheis fhreagarrach seachad tuilleadh.
	Cha bhiodh e ro chosgail drochaid a thogail.

- c. Cò bha a' dol a thogail na drochaid?
- d. Carson a bhiodh cìs air luchd-siubhail?
- e. Cò an fheadhainn a thug aonta dhan t-suidheachadh seo?
- f. Dè am feum a dhèanadh an drochaid, a rèir Sheonag NicGhriogair? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

	Bhiodh slighe eadar tìr-mòr agus an t-eilean fiù 's ann an droch shìde.
	Bhiodh e na b' phasa do luchd-tadhail tighinn dhan eilean.
	Bhiodh an eaconomaidh air a neartachadh.
	Cha bhiodh e cho daor fuireach air an eilean.

1

2

1

2

2

2

ÌRE 4: CULTAR 2: DROCHAID AN EILEIN SGITHEANAICH CEISTEAN

Pàirt 2

- a. Carson a tha Seonag NicGhriogair ag ràdh gun robh an drochaid connspaideach? 1
- b. Dè am beachd a bha aig luchd-iomairt air an drochaid? 1
- c. Ainmich dà rud a thachair dhan fheadhainn a dhiùlt a' chìs a phàigheadh? 2
- d. Dè am feum a rinn sgeama an riaghaltais do mhuinnir na sgìre? 1
- e. Dè thachair ann an 2004? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

	Cheannaich an riaghaltas an drochaid.
	Chaidh cìs na drochaid a lùghdachadh dhan a h-uile duine.
	Chaidh seirbheis bhàtaichean-aiseig ùr a chur air chois.
	Chaidh cur às do chìs na drochaid.

An earrann gu lèir

- a. Le bhith a' cleachdadadh fianais às an earrainn, inns dè cho èifeachdach 's a bha an geàrr-chunntas seo ann a bhith a' toirt fiosrachadh dhut mu eachdraidh na drochaid? 1
- b. Nad bheachd-sa, dè cho cothromach 's a bha Seonag NicGhriogair ann a bhith a' dèiligeadh ris a' chuspair chonnspaideach seo? 1
- c. Inns dè cho inntinneach 's a bha an earrann seo dhut agus carson. 1